

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 6 | 2012 | AN T-OG-MHIOS

Facal Toisich

An latha roimhe bha mi ann an eaglais far an robh clàr air a' bhalla mar chuimhneachan air ministear, (a rugadh ann an Geàrrloch), a chaidh a phòsadh ris a' choitheanal ann an 1915. Bha e air ùr-thighinn às a' cholaiste agus dh'fhuirich e an sin gus an d'fhuair e bàs agus e trì fichead agus trì deug.

Thug sin orm smaoinichadh air cho tric agus a bhiodh sin a' tachairt anns na seann làithean – teachdaire a bhith a' cur seachad a mhinistrealachd gu lèir anns an aon sgìre. Anns a' bhitheantas anns an linn againne bidh ministearan a' gluasad gu coitheanalan eile an dèidh a bhith greis suidhichte ann an àite sònraichte. Aig aon àm bhiodh e air a shùileachadh gum fanadh ministear co-dhiù còig bliadhna ann an sgìre mus gabhadh e ri gairm gu àire eile.


An robh an t-seann dòigh buannachdail don choitheanal, nuair a dh'fhuiricheadh ministear bliadhnachan mòra, 's dòcha gus am biodh e seachad air a' cheithir fichead? No a bheil e nas fheàrr don choitheanal – agus don mhinistear – gun gluaiseadh an teachdaire an ceann beagan bhliadhnachan?

Tha fios gu bheil rud ri ràdh air an dà thaobh. Nuair a tha ministear grunn mòr bhliadhnachan ann an sgìre tha e mar phàirt de bheatha na coimhearsnachd. Bidh a' chlann a bhaist e a' tighinn thuige airson gum pòs e iad, agus bidh pàistean aca fhèin. Tha sin ag obrachadh nuair a tha an suidheachadh a' dol gu math, ach mur eil cùisean rèidh chan eil sin 'na bhuannachd do dh'adhbhar Chrìosd.

Ma gheibh sgìr ministear eile an ceann còig no deich bliadhna, faodaidh sin a bhith 'na ùrachadh don teachdaire fhèin agus don choitheanal. Tha tàlant eadar-dhealaichte aig ministearan, a thaobh searmonachaidh agus obair na sgìre.

Air cho goirid no air cho fada a bhios ministear suidhichte ann an sgìre feumaidh co-obrachadh agus tuigse a bhith ann eadar teachdaire agus sluagh, an crochadh air stiùireadh an Spioraid agus gràs Dhè.

**Leis gach deagh dhùrachd,
Ruairidh MacLeòid**



Tha còrr is ceud bliadhna bho thogadh a' chairt-puist seo. Air an làimh chli chì sibh taigh-òsta Loch Geàrr (Loch Giorra, mar a chanadh Gàidheil na sgìre) air Loch Fin. Air an làimh chli tha an eaglais a thogadh ann an 1867. Sgrìobhte air a' chairt tha seo: **9.5.05 We spent last weekend at this hotel.** Tha mi an dòchas gu robh an neach a sgrìobh na faclan sin anns an eaglais Didòmhnaich. Ann an 1905 bha an t-Urr. Dùghall Mac a' Chlèirich ann an Glasairigh, agus bha miseanaraidh aige suidhichte ann an Loch Geàrr. Tha seirbheisean Gàidhlig fhathast gan cumail gach mìos anns an eaglais a chithear anns an dealbh.

Cùil Nan Ceist

Tha fios againn gur e an naodhamh salm deug thairis air a' cheud an salm as fhaide ann an Leabhar nan Salm. An turas seo tha na ceistean a tha sin a' cur oirbh co-cheangailte ris an t-salm seo. Tha an salm air a roinn ann an cuibhreannan a rèir nan litrichean Eabhra, Aleph agus eile. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Tha an darna litir anns an aibideil Eabhra mar thiotal air an darna cuibhreann den t-salm. Dè an litir a tha sin? (Os cionn rann 9)
2. Lìon a' bheàrn seo: "Biodh nàire air luchd an -----." (Cuibheann Iod.)
3. Cuin a bha an salmadair ag èirigh airson buidheachas a thoirt do Dhia? (Cuibheann Cheth)
4. Cò a bha an tòir air an t-salmaidair gun adhbhar? (Cuibheann Schin)

Eaglais Inbhir Garbhain

Tha timcheall air ochd mìle neach a' còmhnaidh ann an Inbhir Garbhain, baile beag air oir Linne Chluaidh. Tha e fichead mìle deas air Inbhir Air, agus trìchead mìle tuath air an t-Sròn Reamhar.

Deich mìle a-mach anns a' chuan tha Creag Ealasaid, creag mhòr, àrd, a tha 'na stob ag èirigh mar fhreiceadan aig beul na linne. Theireadh iad "Paddy's Milestone" rithe seach gu bheil i letheach slighe eadar Beul Feirste agus Glaschu. Bidh bàtaichean a' seòladh às a' phort gu ceann a tuath Eireann.

Tha cuimhne fhathast aig daoine anns na h-Uibhistean air Inbhir Garbhain, oir is ann don bhaile sin a bhiodh bàtaichean a' seòladh anns na seachdadan agus anns na h-ochdadan à Loch nam Madadh agus à Loch Baghastail leis an luath a bha a' tighinn bho obair na feamad.

Bidh mu dhà cheud neach ag adhradh ann an Eaglais Inbhir Garbhain a Tuath a chaidh a thogail ann an 1884. Thai i faisg air meadhan a' bhaile agus air a' bhun-sgoil agus air an àrd-sgoil agus air ionad nan seann daoine. Bidh am ministear gam frithealadh gach seachdain.

Gach samhradh bidh na mìltean a' tathaich costa Inbhir Air. Gheibh iadsan a thadhlas air eaglais Inbhir Garbhain fàilte chridheil.

Tormod Dòmhnallach,
(Tobar na Màthar)

Obair na Feamad



Anns an naodhamh linn deug bha obair na ceilp glè chudthromach ann an Uibhist a Tuath agus an fheamainn cho pailt mu na cladaichean ann an Loch nam Madadh. Anns an fhicheadamh linn bha factoraidh ann an Spònais, faisg air Loch nam Madadh, far am biodh an fheamainn ga làimhseachadh agus bhiodh am pùdar a' dol gu Inbhir Garbhain, mar a tha Tormod Dòmhnallach ag innse gu h-àrd. An sin bhiodh an ath cheum a' tachairt agus bhiodh an stuth a thòisich mar fheamainn a' fàs mu chladaichean Uibhist air a chleachdadh airson iomadh rud feumail, leithid aodach nach gabhadh cur 'na theine no còmhdach air leòntan. Gun fhios dhuinne bidh sinn ag ithe rudan anns a bheil stuth a thàinig on fheamainn, uachdar reòthte no seoclaid. Anns an dealbh chì sibh bàta aig cidhe Spònais ga luchdachadh le pocannan de dh'fhùdar na feamad.

Leabhraichean

Chaidh barrachd leabhraichean agus aithisgean a sgrìobhadh mu Hiort na eilean sam bith eile ann an Alba. Agus faodar a ràdh gun deach barrachd mhearachdan agus bheachdan fiara a chur an clò na thachair ann an eachdraidh eilein eile bharr chladaichean na h-Alba. Chaidh iomadh leabhar feumail a sgrìobhadh mu na h-eileanan iongantach iomallach seo. Ach bha gu leòr de na h-ùghdaran 'nan Goill no 'nan Sasannaich aig nach robh eòlas no tuigse air cànan no creideamh no dòigh-beatha nan Hiortach. Gu mì-fhortanach bidh sgrìobhadairean anns an latha againn fhèin a' fiaradh na firinn le bhith a' leantainn nan rudan a sgrìobh na daoine a chaidh romhpa gun a bhith a' faighneachd an robh claon-bhàidh anns na beachdan sin.

Ann an 2010 chùm Urras Leabhraichean nan Eilean co-labhairt chudthromach ann am Beinn na Fadhlà far an robh sgoilearan aig a bheil deagh eòlas air iomadh cuspair a bhuineas do dh'eilean Hirt

Rewriting St Kilda

New Views on Old Ideas

(Air fhoillseachadh le Urras Leabhraichean nan Eilean. £9.99)

a' coimhead as-ùr air eachdraidh agus beatha nan Hiortach, air obar nàdair, arc-eòlas, agus air an fheadhainn a thog dealbhannan agus a sgrìobh leabhraichean.

Tha a h-uile caibideil anns an leabhar a' cur gu mòr ri ar n-eòlas. Bidh ùidh air leth aig leughadairean nan *Duilleagan Gàidhlig* ann am pàipear le Dòmhnall Meek air an tug e an tiotal, "Eileanaich Cian a' Chuain." Mar a bhiodh dùil, tha an aithisg seo air a sgrìobhadh gu grinn agus gu cothromach. Tha Dòmhnall a' ceartachadh cuid de na beachdan claona a bha aig luchd-sgrìobhadh mun eaglais ann an Hiort agus mu chreideamh nan Hiortach.

Leabhar feumail a bheir dhuinn tuigse air beatha nan Hiortach agus air na h-eileanan Hiortach. Tha mi an dòchas gum bi e 'na mheadhan air cuid de na rudan mì-chothromach a chaidh a sgrìobhadh anns an naodhamh linn deug agus anns an fhicheadamh linn a chur ceart.

Sgàire MacAmhlaigh

An còmhnaidh tha aithisg air choireigin anns na *Records of the Scottish Church History Society*. Tha sin fìor mun iris mu dheireadh, àireamh XLI, a tha air ùr thighinn am follais. Tha an t-Oll. Urr. Iain A. Mac Ghille Bhàin a' sgrìobhadh mu dhuine iomraiteach aig an robh dlùth-cheangal ri Leòdhas.

'S e an t-ainm a tha air a' phàipear seo, *Zachary MacAulay (1768-1838): The Faith of an Abolitionist*.

Rugadh Sgàire MacAmhlaigh ann am mansa Inbhir Aora anns a' Chèitean 1768. Bha athair Sgàire, an t-Urr. Iain MacAmhlaigh, 'na mhinistear ann an Inbhir Aora o 1765 gu 1774. Bha seanair Sgàire, Amhlaigh MacAmhlaigh, cuideachd 'na mhinistear ann an Eaglais na h-Alba. Bha esan 'na mhinistear sgìre anns na Hearadh eadar 1713 agus 1758, an dèidh a bhith a' saothreachadh ann an Tiriodh agus Colla. Bhuineadh athair Maighistir Amhlaigh do dh'Uige Leòdhais.

Chaidh Sgàire MacAmhlaigh fhòghlam ann an taigh 'athar ann an Inbhir Aora. Bha e greis ag obair mar chlàireach mun deachaidh e a-null do na h-Innseachan mar a rinn iomadh òganach à Alba anns an ochdamh linn deug.

Anns na h-Innseachan bha Sgàire ag obair air oighreachd a bha a' cumail thràille. An ceann còig bliadhna sheòl e gu Sierra Leone agus chaidh a shuidheachadh mar Cheannard air an dùthaich sin gun e ach còig thar fhichead.

Nuair a thill Sgàire MacAmhlaigh a Bhreatann ann an 1799 thòisich e air an obair anns an robh e an sàs fad a làithean – a' cur an aghaidh daoine a bhith air an cumail 'nan tràille an taobh a-staigh de dh'Impireachd Bhreatainn. Bha e air clann a thoirt dhachaigh leis à Sierra Leone airson gum biodh cothrom aca fòghlam fhaotainn. Bha e an dùil gun tilleadh iad gu Sierra Leone a shearmonachadh an t-Soisgeil. Bha na beachdan aige air an stèidheachadh gu daingeann air a chreideamh. Sgrìobh e iomadh facal a' cur sìos air tràilleil eachd.

GED a rugadh e air Ghàidhealtachd, agus dlùth-cheangal aige ris na h-Eileanan an Iar, b'ann ann an Sasainn a chuir Sgàire MacAmhlaigh seachad a' chuid mhòr de a bheatha. Bha a mhac, Tòmas Babington MacAmhlaigh, am Morair MacAmhlaigh, 'na bhàrd ainmeil agus 'na fhear-eachdraidh sònraichte. Bha aig cuid againn ri pìosan den bhàrdachd aige ionnsachadh anns an sgoil.

Searmon Beag

Mosgail, thusa a tha ad chadal, agus èirich o na mairbh, agus bheir Crìosd solas dhut. (Ephesianach 5:14)

Tha sgoilearan an Tiomnaidh Nuaidh a' dèanamh a-mach gur dòcha gur ann à laoidh a thàinig na faclan a tha Pòl a' togail an seo. Gun teagamh, tha a' Ghreugais anns a' cheann-teagaisg nas coltaiche ri bàrdachd na ri rosg. Cò aig a tha fios nach e a tha againn an seo faclan air an toirt à fear de na dàin spioradail a bhiodh Crìosdaidhean a' seinn nuair a bha an Eaglais glè òg? Cho faisg sin air toiseach gnothaich bha creidmich air an comhairleachadh gu bhith air am faireachadh, a bhith 'nan dùisg gu spioradail.

Anns a' Bhìoball tha iomradh againn air dithis a bha 'nan cadal ann am bàta agus an long air a tonn-luasgadh ann am meadhan stoirm.

An toiseach, bha lònah ann ann an làithean an t-Seann Tiomnadh.

Bha am fàidh air a ghairm le Dia gu bhith a' searmonachadh an aghaidh aingidheachd muinntir Ninebheh, anns an dùthaich ris an canar Iraq an-diugh. Ach chaidh lònah gu tur an aghaidh àithne Dhè agus phàigh e am fàradh air bàta a bha ga thoirt gu Tarsis, astar mòr air falbh à Ninebheh.

Dh'èirich stoirm eagalach agus bha sgioba a' bhàta fo uallach gun deidh an soitheach fodha. Chuir e mòr iongnadh air an sgiobair nuair a lorg e lònah fo rùm is e'na shuain-chadail. Ciamar a b'urrainn dha cadal? An robh a chogais idir ga dhèidheach agus e air teicheadh o Dhia, no co-dhiù bha e a' smaoinachadh gum b'urrainn dha teicheadh on Dia a tha uile-lèirsinneach?

Mu dheireadh dhùisg lònah às an t-suain spioradail anns an robh e agus chuir e 'aghaidh air Ninebheh mar a dh'àithn Dia dha. Dh'èirich e on mharbhantachd spioradail anns an robh e.

Anns an Tiomnadh Nuadh chì sinn losa 'na chadal ann an deireadh luinge nuair a dh'èirich stoirm gu h-obann air Muir Ghalile.

Bha na deisciobail air an uamhasachadh. Bha iad den bheachd gu robh losa mar a bha lònah, caoin-shuarach agus coma co-dhiù. Dhùisg iad E agus thubhairt iad, "A bheil sùim agad gun caillear sinn?"

Ach bha cadal losa glè eadar-dhealaichte ri cadal lònah. Cha robh Esan coma. Dhearbh E sin le bhith ag èirigh 'na sheasamh agus casg a chur air neart na gaoithe agus onfhadh na fairege.

Bha losa 'na chadal gu socair ann an deireadh a' bhàt'-iasgaich a chionn gu robh làn-earbsa aige ann an gairdean treun an Athar.

"Mosgail, thusa a tha ad chadal." Tha an Spiorad Naomh an còmhnaidh a' gairm air an Eaglais, air a' chreidmheach, a bhith 'nan dùisg gu spioradail, gun a bhith air am mealladh leis a' bhuaireadair, le sùilean fosgailte gu bhith a' faicinn nan cothroman a tha Dia a' toirt dhaibh airson fianais a thogail agus an co-chreutair a chuideachadh.

Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Gràs ar Tighearna losa Crìosd gu robh maille ribh uile."

Tha faclan mar sin aig deireadh cuid de litrichean Phòil. Seo na faclan mu dheireadh ann an litir nan Colosianach. Dè a tha am facal "gràs" a' ciallachadh? 'S e facal beag a tha ann. Agus 's e facal luachmhor a tha ann. Thubhart cuideigin gur e a tha ann an gràs "gràdh Dhè air a chur ann an gnìomh." Ann an losa Crìosd chì sinn gràdh Dhè, gràs Dhè, 'na lànachd.

Thug ar sinnsirean "An t-Og-mhios" mar ainm air a' mhìos seo. Carson? Chì sinn rudan òga, rudan ùra,

aig an àm seo den bhliadhna. Tha na h-uain òga a' ruith agus a' leum mu na cnuic. Tha flùraichean a' fàs as-ùr anns a' ghàradh agus anns na h-achaidhean. 'S e àm taitneach a tha seo. Chì sinn ullachadh Dhè, maise a' chruthachaidh, anns an t-saoghal mun cuairt oirnn anns an Og-mhios.

Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Am fear as fheàrr a chuireas, 's e as fheàrr a bhuaineas."

(He who sows best, reaps best.) Tha sin coltach ris na faclan aig Pòl, "Ge b'e nì a shìol-chuireas duine, an nì ceudna buainidh e." Tha sin ann an litir nan Galatianach, an siathamh caibideil, aig an t-seachdamh rann. (Galatianach 6:7) Bha Pòl, mar a bha losa, a' faicinn iomadh leasan ann an obair nàdair.

Nuair a sgrìobh mi seo, aig deireadh a' Ghiblein, bha aimsir bhlàth againn air an taobh an iar.

'S e Steòrnabhagh an t-àite a bu ghrianaiche ann am Breatann air an t-seachdain a chaidh seachad. 'S e Gèirinis ann an Uibhist a Deas an t-àite a bu tiorma ann am Breatann. Bha ceàrnaidhean ann an Sasainn far an robh tart agus tiormachd. Bhiodh e math nam biodh dòigh againn air an t-uisge a tha againn ann am pàilteas a thoirt seachad do dhaoine aig nach eil uisge gu leòr. An-dè chuala mi a' chuthag. Tha an samhradh faisg oirnn.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

Thall 's a-Bhos

RANN

Bha dìreach dà cheud bliadhna anns a' Chèitean bho chaochail an sàr bhàrd, Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir. Seo mar a tha Donnchadh a' comhairleachadh chàich anns a' mharbhrann a rinn e dha fhèin:

*Cuimhnich d'anam is do Shlànaighear,
Cuimhnich Pàrras thar gach àit';
Gabh an cothrom gu bhith sàbhailt'
Ann an gàirdeachas gu bràth:
Ged a thuit sinn anns a' ghàradh
Leis an Fhàiling a rinn Adhamh,
Dh'èirich ar misneachd as-ùr
Nuair fhuair sinn Cùmhnant nan Gràs.*

An dèidh seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh chumadh seirbheis ghoirid aig uaigh Dhonnchaidh ann an cladh Eaglais nam Manach Liath.

A' CHOINNEAMH GHÀIDHEALACH

'S e cuspair air leth inntinneach a bha anns an òraid a thugadh seachad am bliadhna aig Coinneamh Ghàidhealach an Ard-sheanaidh. 'S fhada bho ghabh an t-Urr. Dòmhnall MacGuaire ùidh ann am bàtaichean, gu h-àraidh na bàtaichean a bhiodh a' seòladh eadar na h-eileanan agus tìr-mòr. Chualas òraid sgoinneil bhuaithe, le dealbhannan 'na cois, mun cheangal spioradail a tha eadar a' mhuir, bàtaichean agus sluagh taobh siar na Gàidhealtachd.

NEO-CHRIOCHNACH

Ann an searmon air an lobhar anns an ochdamh caibideil ann an soisgeul Mhata, thubhairt an t-Urr. Iain MacGhilleathain, a bha air Tairbeart na Hearadh, seo mu Chrìosd: "A chionn gur fìor Dhia E, aig a bheil cumhachd neo-chrìochnach, tha E air a dhèanamh 'na Shlànaighear, chrìochnaich E obair eadar-mheadhonair: obair a tha iomlan agus sìorraidh. Tha luach neo-chrìochnach 'na fhuil, a chum glanadh o gach peacadh. Tha cumhachd neo-chrìochnach 'na ghràs chum peacadh a chlaoidh agus a ghlanadh air falbh."

SEIRBHEIS AN ARD-SHEANAIDH

A' searmonachadh aig seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh ann an Eaglais nam Manach Liath am bliadhna bha an t-Urr. Coinneach Dòmhnallach, a tha 'na mhinistear-cuideachaidh. Bha Coinneach bliadhnachan mòra a' teagasg ann an Roinn na Ceilteis ann an Oilthaigh Ghlaschu. B'esan a bha aig ceann

na seirbheis chuimhneachain don Phroifeasair Ruairidh MacThòmais. Anns an t-seirbheis sin bha an t-Urr. Aonghas Mac a' Ghobhainn (co-ogha Ruairidh) air ceann na h-ùrnaigh. An dèidh na seirbheis ann an Eaglais nam Manach Liath bha cruinneachadh gasta ann far an robh biadh air a thairgsinn don choitheanal agus bha cothrom coinneachadh ris a' Mhoderàtor a bha air am Beannachadh a thoirt seachad ann an Gàidhlig.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh on t-salm as fhaide anns a' Bhioball. 1. Beth. 2. -- àrdain." 3. Mu mheadhan-oidhche. 4. Uachdarain.

ADHBHAR GAIRE

Glè thrìc canaidh a' chlann rudan a bheir gàire oirnn. Bhiodh ministear anns na h-eileanan uaireanan agus speuclairean air agus aig amannan eile cha bhiodh iad idir air. Thubhairt nighean bheag às a' choitheanal ris an latha a bha seo, "Nuair a bheir thu na speuclairean dhìot, an e am ministear a tha annad fhathast?"

Urnaigh

Taing dhut, a Thighearna
airson an Og-mhìos,
airson làithean grianach
agus oidhcheannan socair soilleir.
Taing dhut airson làithean saora
nuair a tha cothrom againn
fois a ghabhail.
Beannaich a' chlann
a bhios a' coimhead air adhart
ri cead-sgoile.
Tre Chrìosd, ar n-Eadar-mheadhair.

Amen

Seo sealladh de Thobar Mhoire
air a bheil luchd-turais
glè eòlach agus glè mheasail cuideachd.
Aig an àm seo
den bhliadhna bidh Muile trang,
gu h-àraidh leis na ceudan a
tha air an t-slighe gu I
Chaluim Chille.